

Tha iolairean-mara
a' tilleadh a dh'Alba
far an do chleachd
iad a bhith pailt
agus tha mòran ann
am Muile toilichte
am faicinn



Eòin an àigh

Dh'fhaodadh gu bheil iolairean-mara annasach ann an cuid dhen dùthaich seo ach tha iad air a' sgèith os cionn Mhuile o chionn 30 bliadhna.

Tha an t-eilean air fear dhe na prìomh àitichean san do sheatlaig iolairean-mara bho chaidh an toirt air ais a-steach a dh'Alba an dèidh dhaibh a bhith air a dhol à bith an seo. 'S e na h-eòin iongantach seo – a bhios daoine a' coimeas ri 'dorsan sabhail air iteig' air sgàth 's am meud – na h-eòin-chreiche as motha ann am Breatainn agus bidh a' tàladh luchd-turais a Mhuile.

'S ann air an eilean seo a bha a' chiad, agus 's dòcha an aon fhear air an t-saoghal, àite-amhairc far am faigh thu coimhead air an iolaire-mhara aig an nead. Mar thoradh air sin, tha e a' tàladh nam mìltean de dhaoine le ùidh ann am fiadh-bheatha agus tha e a' cur £1.7 millean ri eaconamaidh an eilein gach bliadhna.

Tha an àireamh stèidhte air sgrùdadh a rinn Comann Rìoghail Dion nan Eun (RSPB) o chionn ghoirid. Bhathar a' meas gun robh mu 350,000 neach-turais a' dol a Mhuile gach bliadhna agus a' cosg £38 millean not ann. Bhathar am beachd gun robh eadar £1.45m agus £1.69m dhen sin air sgàth nan iolairean-mara.

'S e caidreachas eadar Urras Coimhearsnachd Mhuile & Ìdhe, Poileas Srath Chluaidh, RSPB Alba, SNH agus Coimisean Coilltearachd na h-Alba a tha sa phròiseact coimhid. Tha an t-ionad-coimhid, an luchd-obrach agus an uidheamachd an urra ris na buidhnean eatarra. Bidh e a' tàladh aon 4,000 neach as t-samhradh. Bidh luchd-turais a' pàigheadh rud beag air a shon ach bidh muinntir an àite a' faighinn a-steach an-asgaidh.

"Tha an t-airgead a tha an t-ionad-coimhid a' toirt a-steach ga roinn a-mach san sgìre," thuirt Cailean MacPhàrlain, oifigeir sgìreil SNH. "Tha leth dheth ga chosg air post ràitheil neach-raoin agus uidheamachd. Tha an leth eile a' dol gu maoin air a stiùireadh le Urras Coimhearsnachd Mhuile & Ìdhe. Bidh maoin ga sgoileadh gu tagraichean

à Muile a bhios a' sgoileadh fiosrachadh mun phròiseact ach cuideachd a' dèanamh cinnteach gum bidh an sgìre a' faighinn buannachd às."

Ann an 2008 thug a' mhaoin taic do dh'iomadh pròiseact san sgìre leithid siostam teas a leasachadh agus àrdaichear a chàradh ann an dà thalla coimhearsnachd. Thug iad cuideachd airgead do Chlub Ruith is Lùth-chleasan Mhuile agus do Chòisir Òg Mhuile airson a dhol chun a' Mhòid Nàiseanta.

Tha 'Operation Easter,' a tha air a ruith le Poileas Srath Chluaidh agus luchd-saor-thoileach às an sgìre, cuideachd an urra ri Caidreachas Coimhid Iolairean-mara Mhuile. Tha am prògram seo ag obrachadh air feadh an eilein agus bidh an luchd-beachdachaidh a' cumail sùil air neadan nan iolairean agus nan iolairean-mara gus a bhith cinnteach nach cuirear dragh air na h-eòin. Seach gu bheil fios aig muinntir an àite càit a bheil na h-eòin, tha e na bhacadh air mèirlich agus cha deach falbh le aon ugh bho thòisich am pròiseact ann an 1999.

"Thàinig iolairean-mara a Mhuile ann an 1980 agus thòisich iad a' gintinn an seo ann an 1985," thuirt Cailean. "An-diugh tha mòran gam faicinn mar bhuannachd oir tha iad a' tàladh luchd-turais a Mhuile agus tha iad a' dèanamh feum do dh'eaconamaidh an eilein. Ach cha robh e an-còmhnaidh mar sin.

"Bha dragh air tuathanaich chaorach gum biodh iolairean-mara a' falbh le uain. Ged nach bi e a' tachairt tric, dhàingnich rannsachaidhean gum bi iolairean uaireannan a' falbh le uain bheò ann am Muile a bharrachd air closaichean no uain bhochda. Mar thoradh air sin, stèidhich SNH sgeama riaghlaidh ann an 2005 gus pàigheadh a thoirt do mhanaidsearan fearainn airson piseach a thoirt air na caoraich aca tro iomairtean slàinte leithid leigheas ghartain no barrachd ciobaireachd. Gu ruige seo, fhuair 27 neach pàigheadh a-mach à £120,000 fon sgeama agus tha mòran ga faicinn mar dhòigh math air dèiligeadh ri cùis dhoirbh, chonnsaigheach."

Iolairean-mara ann am Muile

Chan eil mòran àitichean anns an Roinn Eòrpa nas fheàrr na Loch Phrisa air taobh an iar Mhuile airson iolairean-mara fhaicinn. Faodaidh inntreadh an làraich atharrachadh a rèir 's càit am bi na h-iolairean a' neadachadh. Feumaidh tu dràibheadh troimhe nad charbaid – leis an uallach ort fhèin – air slighe coille gu pàirc chàraichean an ionad-choimhid.

Am-bliadhna fosglaidh an t-ionad-coimhid air 6 An Giblean ann an àm airson na Càisg agus bidh e fosgailte gu deireadh an Lùnastail. Bidh luchd-raoin an làthair airson do threòrachadh chun an ionad-coimhid agus, cuideachd, airson fiosrachadh a thoirt seachad mun phròiseact agus mu na h-iolairean. Cosgaidh e £4 do dh'inbheach agus £2 do phàiste faighinn a-steach. Feuch gum fòn thu gu 01688 302 038 airson faighinn a-mach cuin a tha e a' fosgladh agus a' dùnadh mus tèid thu ann.

Mura tèid agad air a dhol chun an eilein a dh'fhaicinn nan eòin, tha blog mun deidhinn air làrach-lìn an RSPB aig www.rspb.org.uk/wildlife/tracking/mulleagles/index.asp

Tha e cuideachd a' toirt seachad cothrom sùil a chumail air dà iolaire-mhara òg, air an deach tagaichean a chur an-uiridh, fhad 's a bhios iad a' cur fiosrachadh air ais air càit a bheil iad tro phròiseact-tagaidh eadar-ghnìomhail saideil. 'S e an t-amas barrachd fhaighinn a-mach mu dheidhinn càit am bi iad a' dol nuair a bhios iad a' falbh far an eilein, agus àitichean a tha cudromach do mhairsinneachd iolairean-mara òg a chomharrachadh.

2



A' tilleadh gu dùthchas


Bha iolairean-mara pailt ann an Alba san 18mh linn ach cha robh ach beagan phàidhrichean air fhàgail ann an 1900. 'S ann san Eilean Sgitheanach a chaidh an gintinn mu dheireadh a chlàradh ann an 1916, agus chaidh an iolaire-mhara ann an Alba, albino bhoireann, a mharbhadh ann an Sealtainn dà bhliadhna an dèidh sin. Chaidh iad à bith air sgàth geur-leanmhainn bho gheamairean, bho chiobairean agus bho luchd-cruinneachaidh uighean.

Thòisich a' toirt nan eòin air ais a-steach ann an àireamh mhòr ann an Rùm sna h-Eileanan A-staigh ann an 1975. Thar nan deich bliadhna an dèidh sin, chaidh 82 iolaire òg à Nirribhidh a leigeil ma sgaoil on eilean. B' ann an 1985 a bha a' chiad ghintinn shoirbheachail ann. Chaidh tuilleadh dhe na h-eòin a leigeil ma sgaoil air taobh siar Rois sna 1990an agus thòisich prògram eile airson an toirt air ais ann an 2007 air taobh an ear Alba far nach robh na h-eòin air a bhith o chionn 150 bliadhna.

2
Tha Operation Easter air a ruith le Poileas Srath Chluaidh agus luchd-saor-thoileach às an sgìre. Bidh iad a' cumail sùil air neadan nan iolairean nuair a tha iad ann an cunnart toiseach an t-seusain.

3
Bidh an iolaire-mhara ag ithe iomadh rud mar iasg, closaichean agus, uaireannan, mamailean beaga.

4
Snaigheadh air clach Chruithneach ann an Arcaibh a' sealltainn iolaire-mhara.



Fiosrachadh air iolairean-mara

'S e an iolaire-mhara an ceathramh iolaire as motha air an t-saoghal agus 's e an t-eun-creiche as motha ann an Alba.

Chan eil ach eadar 9,000 agus 11,000 paidhir dhe na h-iolairean-mara air an t-saoghal agus tha dà thrian dhiubh a' gintinn ann an Nirribhidh agus anns an Ruis. Tha 40 paidhir a bhios a' gintinn an-dràsta ann an Alba.

Le faisg air dà mheatair gu leth (ochd troighean), 's e an iolaire-mhara a an t-eun leis an rèis-sgèithe as motha ann am Breatainn. Tha an fheadhainn fhìreann agus an fheadhainn bhoireann glè choltach ged a tha an fheadhainn bhoireann beagan nas motha.

Bidh na h-eòin seo beò gu math fada – mu 21 bliadhna. Bidh iolairean-mara a' gintinn sna h-aon phàidhrichean fad am beatha. Ach ma bhàsaicheas aon dhen phaidhir, lorgaidh iad eun eile airson gintinn.

Nuair a bhios na h-iolairean-mara a' lorg eun airson gintinn, bidh iad a' dèanamh taisbeanadh iongantach airson eun a thàladh. Aig an deireadh bidh am paidhir a' teireachdainn air spuiean a chèile san adhar agus a' sitheadh gu talamh le car a' mhuiltein.

Bidh iad a' dèanamh neadan mòra le biorain ann an craobhan no air pallachan nam bearraidhean. Tha na h-eòin dileas dhan sgìre aca fhèin agus bidh iad a' cleachdadh nan aon neadan fad iomadh bliadhna.

Bidh an fheadhainn bhoireann a' breith a dhà no trì uighean sa Mhàrt no sa Ghiblean agus beirear na h-iseanan an taobh a-staigh làithean dhe chèile. 'S e an t-eun boireann as motha a bhios a' gur agus a' biathadh nan iseanan ach bidh an t-eun fireann ga dhèanamh an-dràsta is a-rithist.

Tha corra ainm air an eun seo sa Ghàidhlig, nam measg iolaire sùil na grèine.

Ann a Arcaibh chaidh iolairean-mara a lorg còmhla ri daoine ann an tuim tiodhlacaidh a tha 4,000 bliadhna a dh'aois. Mar sin bidh e coltach gun robh ar sinnsirean a' toirt spèis dhaibh.

Bha iasgairean ann an Sealtainn a' creidsinn nan nochdadh iolaire-mhara gun èireadh iasg gu uachdar na mara lem mionach an-àird. Bhiodh cuid a' smeuradh nam bàtaichean le saill iolaire airson gum faigheadh iad barrachd èisg.